

Aithris Prìobhaideachd - Rannsachadh

Ro-ràdh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an Achd) gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh.

Cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta air diofar adhbharan agus tha fiosrachadh anns na h-aithrisean prìobhaideachd againn air carson a chruinnicheas sinn fiosrachadh pearsanta agus ciamar a làimhsicheas sinn e.

Tha an aithris prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh mar phàirt den obair rannsachaidh againn. 'S dòcha gum bi seo tro obair luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig fhèin, no tro obair a thèid a choimiseanachadh no a thoirt a-mach air cùmhnant do threas pàrtaidh le Bòrd na Gàidhlig.

Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?

Bidh am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh a rèir a' phròiseict rannsachaidh sin. Am measg phròiseactan anns a bheil Bòrd na Gàidhlig an sàs gu cunbhalach, tha:

- Cruinneachadh dàta bho sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus sgoiltean le foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh. Tha seo a' gabhail a-steach cruinneachadh staitistigs mun fheadhainn ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ach tha cuid de na h-àireamhan glè bheag is mar sin, uaireannan thèid an dàta seo a làimhseachadh mar fhiosrachadh pearsanta;
- Cruinneachadh dàta mu luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach cruinneachadh:
 - Fiosrachadh conaltraidh
 - Gnìomhan ionnsachaidh agus goireasan air an cleachdadh airson ionnsachadh
 - Cnapan-starra ro ionnsachadh
 - Fiosrachadh co-ionannachdan
- Cruinneachadh àireamhan clann ann am foghlam Tràth Bhliadhnaichean. Thèid àireamhan a chruinneachadh bho gach solaraiche ceithir tursan sa bhliadhna. Air sgàth 's gu bheil na h-àireamhan glè bheag, thathar a' dèiligeadh ri seo mar dàta pearsanta.
- Cruinneachadh dàta bho bhuidheann tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig gus prògram trèanaidh a sholarachadh do bhuill chomataidhean agus stiùirichean cluiche. Tha seo a' toirt a-steach cruinneachadh de:
 - Fiosrachadh conaltraidh
 - Trèanadh air a dhèanamh roimhe seo
 - Trèanadh a dhìth
 - Ag ullachadh agus a' lìbhrigeadh prògram trèanaidh

Coimiseanaidh Bòrd na Gàidhlig pròiseactan eile gu tric agus tha fiosrachadh a bharrachd mu dè a chaidh no dè a thèid a chruinneachadh mar phàirt den phròiseact rannsachaidh ri fhaighinn bhon Mhanaidsear Rannsachaidh agus Planadh Corpais.

Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh airson a' phròiseact anns a bheil sibh an sàs agus thèid an dàta a chumail airson leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd agus adhbharan co-cheangailte iomchaidh.

Thèid dàta rannsachaidh a chumail agus a chur ann an tasglann ma bhios luach aige anns an àm ri teachd ach thèid ainmean-brèige a chleachdadh no thèid na h-ainmean a thoirt air falbh far an gabh seo a dhèanamh. Uaireannan tha e cudromach gu bheil na seataichean dàta tùsail slàn air an cumail, mar eisimpleir far am feumar tar-iomradh a dhèanamh orra le seataichean dàta rannsachaidh eile.

Gus am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh air an adhbhar seo, feumaidh bunait laghail a bhith aig Bòrd na Gàidhlig airson am fiosrachadh pearsanta agaibh a làimhseachadh. Thèid na bunaitean laghail seo a chleachdadh airson fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh ann am pròiseact rannsachaidh:

- Cead - thèid seo a chleachdadh nuair a thathar an dùil dàta sam bith fhoillseachadh às an gabhadh ur n-aithneachadh, agus a dh'fhaodadh a bhith air a chleachdadh airson cruinneachadh dàta ann an cuid de shuidheachaidhean. Thèid na tha sibh a' ceadachadh a dhèanamh soilleir dhuibh aig an àm a thèid ur cead iarraidh. Thoiribh an aire gur e deagh chleachdadh a th' ann gun iarr luchd-rannsachaidh oirbh cead a thoirt seachad airson gnìomhan rannsachaidh eile ged is dòcha nach e seo a' bhunait laghail fon tèid am fiosrachadh pearsanta agad a làimhseachadh fo laghan dìon dàta. Tha e cudromach gu bheil tuigse agaibh air seo oir bheir seo buaidh air na diofar chòraichean a dh'fhaodadh sibh cleachdadh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta agaibh. Ma tha ceist sam bith agaibh mun bhunait laghail a th' ann, faighnich den neach-rannsachaidh a tha a' cruinneachadh an fhiosrachaidh phearsanta agaibh no den Mhanaidsear Rannsachaidh agus Planadh Corpais;
- Leas a' phobaill - mar a chaidh mìneachadh roimhe, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fon Achd gus a' Ghàidhlig a leasachadh agus thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh (mar is trice mar phàirt de sheata dàta rannsachaidh slàn) a chleachdadh airson gnìomhan a tha a' cuideachadh leis an dleastanas seo. Mar eisimpleir leasachadh ro-innleachdan a tha a' targaideachadh diofar bhuidhnean taobh a-staigh coimhearsnachd na Gàidhlig;
- Feumalachdan dligheil - dh'fhaodadh nach bi cuid de ghnìomhan Bhòrd na Gàidhlig fo raon-ùghdarrais na h-Achd ged a tha iad fhathast nam feumalachdan dligheil aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh leasachadh na Gàidhlig.

An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Thèid toraidhean rannsachaidh a cho-roinneadh le buidhnean eile air a bheil dleastanas leasachadh na Gàidhlig agus a cultar agus ealain. Nuair a thèid fiosrachadh pearsanta a cho-roinneadh (a' gabhail a-steach seataichean dàta àireamhach fo luachan sònraichte), feumaidh buidheann sam bith (a' gabhail a-steach buidhnean no luchd-malairt aonair no buidhnean eile) a bhios a' faighinn an fhiosrachaidh aonta co-roinneadh dàta a shoighneadh.

Cha tèid fiosrachadh pearsanta fhoillseachadh ann an toraidhean aithisg no seataichean dàta ach a-mhàin nuair a tha an duine ris am buin am fiosrachadh a thèid fhoillseachadh air aontachadh gu soilleir ri seo.

Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta ann leis a h-uile buidheann a làimhsicheas dàta pearsanta às leth Bòrd na Gàidhlig, far am feum an làimhseachadh tachairt taobh a-staigh Roinn Eaconamach na h-Eòrpa, no gum feum dìonan ceart a bhith ann ma thèid seo a dhèanamh le buidheann eadar-nàiseanta. Cho fad 's a tha fios againn, cha tèid fiosrachadh sam bith a thug sibh dhuinn a thar-aiseag gu h-eadar-nàiseanta.

Ach a-mhàin sna suidheachaidhean a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, cha chuir Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh pearsanta agaibh a fhuair eadhon ann an rannsachadh air adhart gu treas pearsa uair sam bith ach a-mhàin nuair a tha riatanas reachdail no adhbhar laghail eile ann gus sin a dhèanamh.

Dè thachras nuair nach eil feum air mo chuid fiosrachaidh tuilleadh?

Thèid a h-uile pìos fiosrachaidh aig Bòrd na Gàidhlig a ghleidheadh a rèir clàran-ama gleidhidh. Chan eil àm gleidheadh stèidhichte aig toraidhean rannsachaidh (a' gabhail astaigh seataichean dàta) agus thèid sgrùdadh a dhèanamh orra gu tric gus dèanamh cinnteach gu bheil iad fhathast buntainneach agus gu bheil feum aig Bòrd na Gàidhlig orra fhathast. Tha ath-sgrùdadh mar phàirt den phròiseas seo gus co-dhùnadh am biodh e iomchaidh na h-ainmean a thoirt às an dàta no ainmean-breige a chleachdadh airson seataichean dàta no fiosrachadh pearsanta sam bith eile.

Còraichean a Bharrachd

Fon Riaghailt Coitcheann an Dìon Dàta tha còraichean a bharrachd agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta agaibh. Thoiribh an aire gu bheil dìorogachaidhean ann airson fiosrachadh rannsachaidh a dh'fhaodadh ciallachadh nach urrainn dhuibh cuid de na còraichean seo a chleachdadh a thaobh fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh air adhbharan rannsachaidh.

Tha a' chòir agaibh:

- i. cead-inntrigidh iarraidh dhan fiosrachadh phearsanta agaibh;
- iii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachadh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil;
- iv. iarraidh gun tèid am fiosrachadh agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs;
- v. bacadh a chur air làimhseachadh ann an suidheachaidhean àraidh; v. cuir an aghaidh làimhseachadh;
- vi. fo-glusadachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan ceangailte ri ceartachadh, dubhadh às no bacadh air làimhseachadh a chur air adhart gu faightear sam bith aig a bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh. Thèid fiosrachadh air faightearan a lorg anns an earrainn [An tèid am fhiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?](#)

'S dòcha gum bi amannan ann nuair nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris na h-iarrtasan seo. Ma thachras seo le iarrtas a nì sibh, thèid innse dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris an iarrtas agus roghainnean sam bith a th' agaibh.

Nuair a thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a làimhseachadh le ur cead, tha còir a bharrachd ann ur cead a thoirt air falbh uair sam bith. 'S urrainn dhuibh faighinn a-mach mar a thèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a làimhseachadh gu laghail anns an earrainn [Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?](#)

Gearanan

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh pearsanta agaibh, tha còir agaibh gearan a dhèanamh don Choimiseanair fiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta air feadh na RA. Gheibhear am fiosrachadh conaltraidh aig <https://ico.org.uk>.

Fiosrachadh Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta (no Rianadair) airson fiosrachadh pearsanta a tha air a làimhseachadh mar a chaidh mìneachadh anns an aithris seo. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.scot>.

Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh na h-aithris prìobhaideachd seo, cuiribh fios sa chiad dol a-mach gu:

Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta

Bòrd na Gàidhlig

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

oifis@gaidhlig.scot

01463 225454

Dreach <i>Version Number</i>	Adhbhar/ Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>
V2	Smachd Sgiobhainn air an cur ris is logo BNG	SB/CNI	18/10/2022